

## Bòrd MG ALBA

09/06/20

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

|       |                                  |                         |
|-------|----------------------------------|-------------------------|
| Bòrd: | Ailean Dòmhnallach (sa Chathair) | Marion Nic na Ceàrdaich |
|       | Donaidh MacAmhlaidh              | Ceit Anna NicLeòid      |
|       | Iain Stephen Moireasdan          | Dùghall MacAmhlaigh     |
|       | Iain Mac a' Mhaoilein            | Lisa Annette            |
|       | Rhoda NicDhòmhnaill              | Màiri Kidd              |

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)  
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gniomhachais)  
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Sarah Dhòmhnallach (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA (airson puingean 10-11 agus 14b)  
Eunice McAdam, Partner, Saffery Champness LLP (airson puingean 8 agus 9)  
Peter Peacock agus Hugh Fraser (airson puing 13)

Chaidh fàilte a chur air na buill agus luchd-obrach.

### **1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

### **2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

### **3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

a) 13/5/20 – molaichte agus daingnichte.

- b) Gnothaichean ag èirigh
- 3.1 Bhruidhinn DC mun phàipear. Chaidh a chomharrachadh gu bheil beagan a bharrachd obair a’ dol air adhart air prìomhachasan agus teachdaireachdan ro-innleachdail fo puing a ceithir - leudachadh na air na meadhanan didseatach.
- 3.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheil dleastanas nan comataidhean fo rannsachadh agus gur dòcha gun deigheadh dleastanas agus uallach nan comataidhean atharrachadh.
- 3.3 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

#### **4. Aithrisean: Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

##### **a) Geàrr-chunntas (19/5/20)**

- 4.1 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

##### **b) Aithisg Bhliadhnail na Comataidh**

- 4.2 Bhruidhinn Donaidh MacAmhlaigh air Aithisg Bhliadhnail na Comataidh le iomradh ga thoirt air na gnèithean a chaidh an sònrachadh mar phrìomhachasan. Bha na buill riarachaidhean leis a’ phàirt sin den aithisg.
- 4.3 Bhruidhinn Donaidh MacAmhlaigh air Fèin-mheasadh na Comataidh, a’ comharrachadh atharraichean ann am ballrachd na Comataidh agus mar sin nach robh feadhainn aca air chomas a h-uile ceist a fhreagairt. Chaidh iomradh a thoirt air na prìomh rudan a thàinig a-mach às na freagairtean – trèanadh bhall, èifeachdas nam ball às dèidh na h-atharraichean, manaidseadh riosg agus na molaidhean aig Wylie & Bissett a thaobh Planaichean Obrachaidh.
- 4.4 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fanear don phàipear.

#### **5 Aithisg an Àrd-Oifigeir agus Sgioba Àrd-stiùiridh (a’ gabhail a-steach dèanadas/Dashboard 2019-20)**

- 5.1 Bhruidhinn DC mun aithisg, a’ comharrachadh gu bheil na figearan de luchd-coimhid air seatlaigeadh, gu h-àraid a thaobh luchd-coimhid nas òige agus suidheachadh co-fharpaiseil far a bheil tòrr seanailean a’ call luchd-coimhid gu sruthadh bhidiothan on-demand no air-loidhne. Chaidh cuideachd a chomharrachadh nach bu chòir fàs ro chofhurtail oir dh’fhaodadh an suidheachadh seo atharrachadh gu math luath.
- 5.2 Chaidh comharrachadh a dhèanamh air na h-atharraichean a tha a’ dol air adhart a thaobh suidheachadh Covid-19, an eaconamaidh agus na riosgan a tha a’ nochdadh a thaobh rudan co-cheangailte ri sin.
- 5.3 Chaidh soirbheachas LearnGaelic a chomharrachadh.

5.4 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

## **6 Covid-19: aithisg agus planadh an t-slighe a-mach**

- 6.1 Bhruidhinn DM mun phàipear le cunntas de na ceumannan a tha MG ALBA a' planadh airson cùisean a làimhseachadh nuair a thilleas luchd-obrach dhan oifis, suidheachadh nan riochdairean agus buaidhean air sruth-airgid.
- 6.2 Chaidh comharrachadh a dhèanamh air stiùireadh ùr a thàinig a-mach airson prògraman a chlàradh le astarachadh sòisealta.
- 6.3 Bhruidhinn DM mun taisbeanadh PowerPoint.
- 6.4 Bha còmhradh ann mun phoileasaidh a thaobh filmeadh aig an àm seo, gu bheil e ceadaichte filmeadh nuair a tha rudeigin èiginneach airson beàrn air an t-seanail, ach an-dràsta a thaobh stiùireadh an riaghaltas chan eileas a' dèanamh dad eile.
- 6.5 Chaidh ceist a thogail a thaobh luchd-obrach ùra no feadhainn a bhiodh airson cumail orra ag obair bhon taigh às dèidh don ghlasadh sluaigh tighinn gu crìch.
- 6.6 **Co-dhùnadh:** Comharraichte agus gum beachdaich am Bòrd san àm ri teachd a thaobh cosgaisean.

## **7 Clàr Riosgan**

- 7.1 Chaidh a chomharrachadh gu robh an riosg 17 (lùghdachadh maoin) air a dhol sìos ri linn gu robh an loidhne buidseat a-nis aig £12.8m seach £11.8m.
- 7.2 Chaidh a chomharrachadh gur e Covid-19 am prìomh riosg air a' chlàr agus a nochd anns an còmhradh aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.
- 7.3 Chaidh a chomharrachadh gun robh còmhradh cuideachd aig a' Chomataidh mu shuidheachadh agus airgead a' BhBC. Dh'fhoillsich iad plana anns a' Chèitean ag innse gu bheil feum aca air sàbhailidhean suas gu £125m a bharrachd a dhèanamh. Chan eil fios fhathast dè am buaidh a bhios aig an sin air a' BhBC ann an Alba no air BBC ALBA.
- 7.4 **Co-dhùnadh:** Thug buill fa-near don phàipear.

## **8 Cunntasan Reachdail gu 31/3/2020 agus Sgrùdadh bhon Taobh a-muigh**

- 8.1 Chaidh fàilte a chur air Eunice McAdam.
- 8.2 Rinn NMG gèarr-chunntas agus mìneachadh air na cunntasan reachdail agus na poileasaidhean cunntasachd air an robh iad stèidhichte, agus gu h-àraid an inbhe ùr IFRS 16 airson Lìosan, far am feum an còir a tha aig MG ALBA air togalach Rathad Shìophort, am

prìomh-ghabhail, a shealltainn mar so-mhaoin, agus am màl airson na bliadhnaichean ri teachd a shealltainn mar do-mhaoin.

- 8.3 Chumar còmhradh far an do chur na buill ceistean mu dheidhinn sin uile.
- 8.4 Rinn Eunice McAdam geàrr-chunntas de na prìomh puingean a nochd ann an Aithisg an Luchd-Sgrùdaidh, a bha mu thràth air a bhith fa chomhair a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.
- 8.5 **Co-dhùnaidhean:** Ghabh na buill ri na Cunntasan Reachdail agus ghabh iad fa-near do dh'Aithisg an Luchd-sgrùdaidh.
- 8.6 **Gnìomhan:** Dhearbh Eunice McAdam gu robh an sgrùdadh bhon taobh a-muigh a-nis deiseil agus na robh feum ach air na h-ainmean sgrìobhte a chur ri na Cunntasan Reachdail. (NMG)

## 9 **Aithisg Bliadhnail gu 31/3/2020**

- 9.1 Bhruidhinn DC mun aithisg, a' comharrachadh gum biodh ùidh aig luchd-ùidh agus na meadhanan ann an Aithisg a' Chathraiche gu h-àraid.
- 9.2 **Co-dhùnadh:** Bha na buill riarachta agus dh'aontaich iad ris an Aithisg Bhliadhnail.

## 10 **Spòrs**

### a) **Sineadh an t-seann chùmhnannt**

- 10.1 Chaidh fàilte a chur air Mairead Màiri Mhoireach.
- 10.2 Bhruidhinn DC mun phàipear, a bha airson comharrachadh, agus thog e na prìomh puingean a thaobh frèam-obrach riaghlachais MG ALBA agus mar a chaidh atharraichean ris a' chùmhnannt aontachadh. Chaidh aithne a thoirt air mar a bha Covid-19 air stad a chur air spòrs beò agus air sgath sin gun deach a' chùmhnannt atharrachadh airson an ùine Màrt gu Ògmhios agus a shìneadh airson mìos airson leantainneach gnothaich nas treise a thoirt dhan t-suidheachadh.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

### b) **Cùmhnannt ùr**

- 10.4 Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh cùmhnannt ùr airson riochdachadh spòrs a bhiodh a' tòiseachadh air a' chiad latha den Lùnastal 2020 luach [fios glèidhte] thairis air 35 mìos suas gu 30 Ògmhios 2023.
- 10.5 Anns a' phàipear bha aithisgean bhon Stiùiriche Susbaint Ioma-ùrlar, a' moladh a' chùmhnannt, agus aithisgean bhon Stiùiriche Ionmhais agus an t-Àrd-Oifigear le toraidhean an sgrùdadh aca agus a' nochdadh an aonta ionmhasail aca. Bhathas ag iarraidh comhairle

nam ball mar phàirt de phròiseas tomhais a' Chathraiche, a dh'fheumadh ùghdarras fhèin a thoirt dhan chùmhnannt nam biodh, no a dhiùltadh, fo na Riaghailtean Ionmhasail.

- 10.6 Thog a' Chathraiche ceistean a thaobh na riosgan.
- 10.7 Chaidh a dhaingneachadh gur e an aon *cross-company guarantee* a bha san t-seann chùmhnannt a tha a-nis san tè ùr. Chaidh a chomharrachadh gu bheil earrann anns a' chùmhnannt ùr gum bi an cùmhnannt 'a seasamh airson cùmhnanntan riochdachadh sam bith eadar MG ALBA agus Nemeton às aonais crìoch ùine.
- 10.8 Dhaingnich NMG gum bi MG ALBA a' coimhead air na Cunntasan Stiùiridh gach turas a bhios iad a' dèanamh sgrùdadh.
- 10.9 Nochd ceist a thaobh 'plana B' ma thachras càil ri gin de na companaidhean riochdachaidh. Chaidh a chomharrachadh gu bheil companaidhean eile ann a dh'fhaodadh an obair a dhèanamh san t-suidheachadh sin. Bhiodh feum air companaidh ùr a lorg san aithghearrachd. Mar sin dh'fheumadh sinn a bhith fiosraichte mu na riochdairean eile a b' urrainn an obair a dhèanamh ann an aithghearrachd agus a fhreagradh gu luath ris an t-suidheachadh.
- 10.10 Nochd ceist a thaobh dè th' anns a' chùmhnannt a thaobh brath ma tha companaidh a' faicinn gu bheil duilgheadasan a' tighinn. Dhaingnich IMT gu bheil conaltradh eadar MG ALBA agus na companaidhean riochdachaidh a' dol gu cunbhalach airson a bhith mothachail air an suidheachadh agus duilgheadasan sam bith a dh'fhaodadh nochdadh.
- 10.11 **Co-dhùnadh.** Bha na buill riarachaidhean gun cuireadh a' Chathraiche ainm ris a' phàipear agus ghabh na buill fa-near don phàipear.
- 10.12 **Gnìomhan:** 1) Coimhead air an *cross-company guarantee* a-rithist airson dèanamh cinnteach nach bi duilgheadasan teicnigeach sam bith ann; 2) sùil a thoirt air na *Articles of Association* airson a bhith cinnteach gu bheil iad deiseil a-nis; 3) Sgrùdadh eile a dhèanamh eadar seo agus deireadh na bliadhna gus am faigh sinn aithisg sgrùdaidh a tha a' sealltainn buaidh Covid-19 aig an coinneamh anns an Dùbhlachd. (NMG)

## 11 Dràma

- 11.1 Minich IMT beagan a bharrachd mun t-suidheachadh a thaobh pròiseactan dràma anns am bheileas an sàs agus an slighe air a bheileas a thaobh leasachadh dràma.
- 11.2 A thaobh leasachadh dràma, tha cùmhnannt Young Films a' tighinn gu crìoch agus feumar dràma ùr a lorg a thèid na àite. Tha dà cuairt air a bhith ann a thaobh leasachadh. Chaidh a chomharrachadh gum bi £1.5m air a chur le MG ALBA mu choinneimh dràma thairis air trì bliadhna bho 2021 agus gum bi sinn a' sireadh taic bho Sgrion Alba bhon fhìor-thoiseach gus

a leithid eile a chur ris a' bhuidseit. Chaidh a chomharrachadh gu bheil e cudromach ann an dràma a bhith a' dèanamh leasachadh air na beachdan gus am bi iad aig ìre abaich cruthachail airson cò-dhùnadh a dhèanamh airson coimiseanadh.

11.3 Nochd ceist a thaobh Bannan agus am bi e a' dol air adhart ma tha tòrr cosgaisean a bharrachd gu bhith ann air sàillibh Covid-19. Dhaingnich IMT gum biodh feum air ath-shùil a ghabhail air an t-suidheachadh sin. Cha bhiodh sinn airson gum biodh àrdachadh na cosgaisean airson aon pròiseact a lùghdachadh am miann-adhartais airson pròiseact eile agus gu feumar tomhas a dhèanamh.

11.4 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

## **12 Pròiseas Sgrìobhte: Còd Giùlain nam Ball & Gnàth Riaghailtean (bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh)**

12.1 Thug DC seachad facal aithghearr a' mìneachadh gu robh am pàipear airson a chomharrachadh leis gu robh e mu thràth aontaichte leis a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

12.2 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

12.3 **Gnìomhan:** thèid na h-atharraichean a-mach gu na buill ann am post-dealain gus am bi iad aca, agus theid na poileasaidhean ùra fhoillseachadh air an làrach-lìn. [\(MAMI\)](#)

## **13 Còmhruidhean ro-innleachdail**

13.1 Chaidh fàilte a chur air Peter Peacock agus Hugh Fraser.

13.2 Bhruidhinn PP mun chiad chuairt còmhruidh a bh' aca le diofar luchd-ùidh aig MG ALBA. Chomharraich e gun robh iad gu math fosgailte, soirbheachail agus deimhinneach.

13.3 Chaidh a chomharrachadh gu robh deagh rùn agus bàigh aca uile ri obair MG ALBA, ach nach eil ùidhean MG ALBA nam prìomhachas airson feadhainn den luchd-ùidh agus chan eil iad uile a' faireachdainn an aon uiread de dh'èiginn 's a sinne mu na dùbhlain aig MG ALBA.

13.4 Chaidh comharrachadh gu bheil PP agus HF airson còmhradh leis an luchd-ùidh gu lèir ann an aithghearrachd.

13.5 Bha PP agus HF a' moladh gun dèanadh MG ALBA obair leasachaidh air na prìomhachasan againn air an taobh a-staigh, gus an uair sin ceannardas a ghabhail mu choinneimh an luchd-ùidh le iarrtasan no molaidhean a bhiodh soilleir. Mhol iad gum bu chòir an obair seo a bhith a' gabhail a-steach: ùrachadh den lèirsinn; planadh airson an ùine mheadhanach agus fhada; tuigsinn mar as urrainn do MG ALBA a bhith a' toirt buaidh air poileasaidhean, agus; smaointinn air mar a làimhsicheas a' chompanaidh na dùbhlain fad-ùineach agus an seòrsa

dàimhealachd a tha MG ALBA ag iarraidh leis na luchd-ùidhe. Mhol iad gum bu chòir prìomhachas a bhith air ùrachadh agus a' dèanamh nas soilleire am misean agus amas MG ALBA. Thog iad gun do mhothaich iad cho mòr 's a bha MG ALBA an eisimeil rùn bhuidhnean eile agus compàirteachas le treas-pàrtaidhean, agus bha ceist aca an robh seo a dh'aona-ghnothaich no am biodh buannachd ann a bhith ag amas air misean na buidhne a choileanadh tro bharrachd neo-eisimeileachd san àm ri teachd.

- 13.6 Thog na buill ceist mu dheidhinn an dàimhealachd leis a' BhBC mar neart ach cuideachd mar chunnart, gu h-àraidh a thaobh nach eil fòram foirmeil ann eadar bùird an dà bhuidhinn agus a thaobh na geàrraidhean buidseat a tha air fàire aig a' BhBC. Chaidh moladh le PP gu feum am buidheann a bhith gu math soilleir mu dè thathas ag iarraidh agus an uair sin 's urrainn ro-innleachdan a chur an-gnìomh.
- 13.7 Thog na buill gu bheil 's dòcha comas ann airson feuchainn ri maoinachadh trì-bliadhna car mu char a lorg. Bhiodh seo a' dèanamh diofar mòr a thaobh dìonachd agus airson an lèirsinn a dhèanamh nas soilleire.
- 13.8 Thog PP poileasaidh 'levelling up' aig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte agus a bheil cothrom an sin airson buidseat a bharrachd fhaighinn.
- 13.9 Bha PP a' moladh gun toireadh am bòrd mòr prìomhachas gu dè bha an luchd-coimhid agus an luchd-cleachdaidh ag iarraidh san àm ri teachd, gur e miann an luchd-cleachdaidh a bheireadh buaidh aig a' cheann thall. Bha ceist co-cheangailte ann mu cò iad a tha a' togail an guthan airson taic a chur ri iarrtasan agus feumalachdan nam meadhanan Gàidhlig agus gu robh guthan nan treas-pàrtaidhean sin gu bhith cudromach.
- 13.10 **Co-dhùnadh:** Thug na buill fa-near do na molaidhean.

## **14 Planadh ro-innleachdail 2021-2024**

### **a) Lèirsinn, Misean agus Plana Corporra**

- 14.1 Bhruidhinn DC mun phàipear agus chaidh e tron taisbeanadh PowerPoint.
- 14.2 **Co-dhùnadh:** Dh'aontaich na buill ris a' chlàr-ama agus ghabh iad fa-near don phàipear agus an taisbeanadh.

### **b) Pasgain**

- 14.3 Chaidh fàilte a chur air MM.
- 14.4 Bhruidhinn IMT mun phàipear agus na molaidhean a bha na lùib.

14.5 Chaidh a chomharrachadh gu robh prionnsabalan nam pasgain ùra a' gluasad bho shealladh eaconamaidh sgèile gu sealladh feabhas na càileachd cunbhalach. Bithear cuideachd a' sùileachadh co-maoineachaidh.

14.6 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

## 15 Aithisgean ràitheil

### a) Ionmhas; Air-loidhne; BBC ALBA; KPIs

15.1 Bhruidhinn DC gu sgiobalta mu na h-aithisgean.

15.2 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

15.3 **Gnìomhan:** chaidh moladh na h-aithisgean ràitheil seo a ghluasad suas gu puing 5 – Aithisg an Àrd Oifigeir - aig an ath choinneamh bùird. (MAMI)

## 16 GISBE

16.1 **Gnìomhan:** chaidh moladh gum biodh taisbeanadh mu obair LearnGaelic aig an ath choinneamh gus am faicadh buill na h-amasan agus an leasachadh aig LearnGaelic tron glasadh sluaigh. (DC)

16.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheil deitichean ann airson cùrsa Onboard san Ògmhios agus san Iuchar tro Zoom agus bidh post-dealain air sgoileadh le barrachd fiosrachaidh. (MAMI)

## 17 Deit na h-ath choinneimh – 09/2020

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: